H.M. 150(1-7).

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

NATIONAL LIBRARY
B
26 MR
1935
OF SCOTLAND

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

1556

THE CHRISTIAN ATONEMENT.

IOBAIRT-REITICH A CHREIDIMH CHRIOSDUIDH.

Tha nis corr is ochd-ceud-deug bliadhna o na dh' fhoillsicheadh Iosa o Nasaret, (ainm theagamh air an tric an cuala sibh iomradh,) am measg nan Iudhach. Bha biuthas an neach chomharraichte so, o thoiseach gu deireadh gun choimeas: o thuiteam an duine cha robh aig neach riamh air thalamh a leithid. Cha bu bhiuthas e dh' fheudta choimeas eadhon ri biuthas a chuid is fearr do dhaoine—coimeasgadh do mhaith 's do olc: bha e gu h-iomlan neo-chiontach gun mheasgadh, gun smal: " Bha e naomha, neo-lochdach, neo-thruaillidh, agus air a sgaradh o pheacaichibh."—" Cha d'rinn e peacadh, ni mo a fhuaradh cealg na bheul." Dh'fhairtlich air a naimhdean bu mho—oir bu lionmhor iad a dh' fhuathaich e gun aobhar—dh' fhairtlich orra riamh peacadh a dhearbhadh na aghaidh. Cha d fhuair am breitheamh, am feadh a thug e suas e d' am mi-run, " coire air bith ann ;" dh' ionnlaid e 'lamhan o 'fhuil: agus an cealgair a reic e, chroch se e fein, air dha bhi air a bhioradh le choguis, a chionn, a reir aidmheil fein, gun do bhrath e'n " fhuil neo-chiontach." Far am bheil giulan coimhlionta is comharra e gu' bheil buaidhean an anama coimhlionta. An Ti a bha na *uile* chaithe-beatha gun fhaillinn, bha e gun fhaillinn mar an ceudna na chridhe. Chunnaic an Dia naomha agus uile-fhiosrach ann an anam Iosa fiorghloinne *iomlan* a lagha.

Ged bha 'neach sonraichte so, mar so, gu h-iomlan neochiontach, gidheadh bha e comharraichte arson a bhochduinn, agus bha a bheatha lan do mhasladh, agus do fhulangais iomagneitheach, gus na chuir bas craiteach, maslach, agus, do reir lagha nan Iudhach, *mallaichte*, crioch uirre: Tha chuis coltach, cuideachd, gun robh inntinn an diomhair buailteach do spairn cho cruaidh 's nach b'urrainn gum b' iad fhulangais *o'n leth a mach*, aon chuid san àm a bha lathair no bha ri teachd a b' aobhar dhoibh. Is firinn i, a reir eachdraidh, nach gabh aicheadh gun d' fhuiling e; ach is firinn iongantach i: Am bheil thu 'g aideachadh gun robh Iosa neo-chiontach?—Cha 'n eil mi ciallachadh do na peacaidhean a chuir a naimhdean as a leth, ach am bheil thu 'g aidmheil naomhachd iomlan a

L.

bheatha? Ma tha ciod an riasan a bheir thu arson fhulangais? Ciod an riasan a bheir thu gum fuilingeadh, agus gun cuirte gu bàs neach neo-chiontach fuidh riaghladh an " De chothromaich leis an ionmhuinn ceartas?" Cha 'neil cuis na cor eile ann ris an samhlaich sinn e. Tha e fior gu bheil daoine maith, ann an cursa freasdal De, air uairibh a' fulang, 'n uair a ta na h-aingidh a soirbheachadh; ach cha leoir so: 'n uair a their sinn gum bheil aon d'ar co-chreutairibh *maith*, cha 'n eil sinn a' ciallachadh maith ann an seadh coimhlionta, ach an coimeas ri muinntir eile: cha 'n eil sinn a' ciallachadh *neo-chiontach*, oir " pheacaidh na *h-uile*, agus tha iad air teachd gearr air gloir Dhe;" agus ciod air bith amhghar a tha aon do shliochd Adhaimh a' fulang, tha e gu neo-chriochnach nis lugha na tha pheacadh a' toilltinn. An aon fhocal, tha fulangas, a reir ar barail-ne air riaghladh an De naomha agus chothromaich, do-sgarraidh o chionta. Mar peacaicheadh na h-uile cha bhiodh aon chuid fulangas no bàs ann.

Is eigin duinn, uime-sin, a ghabhail oirn a radh nach b'ann air a shon fein a dh' fhuiling Criosd;—'s e sin, nach b' e *olc* sam bith a bh'ann fein a b'aobhar d'a fhulangais. Ciod a b'aobhar dhoibh, ma ta? Ciod a chrioch a bha iad gus a fhreagairt?—Cha riaraich e gu bràth inntinn neach a radh nach robh iad ach a chum eisimpleir fhagail againn air foighidin agus air cruadal, no 'chum a threibh-dhireas a dhearbhadh; cha riaraich so gu bràth inntinn neach a bheir fainear am beachd neo-chubhaidh a ta e 'toirt air riaghladh Dhe gum pianadh e neach a bha gu h-iomlan neo-chiontach, gun tighinn idir air staid aird an Ti a dh'fhuiling: oir bha agartais Iosa o Nasaret anns an rathad so co iongantach ri maise na naomhachd a bha r'a fhaicinn na chaithe-beatha. Thug e suas gu 'm b'e fein Criosd, am Mesiah, no Aon ungta Dhe. (*a*) Am feadh a ghairm e dheth fein, air a chuid bu trice, *Mac an duine*,—tiodal a ta ann fein a' ciallachadh ard-cheannas araid osceann clann na'n daoine 's a choitcheann—labhair e uime fein mar neach a thainig o neamh, agus a bha air neamh eadhon am feadh a bha e air thalamh; (*b*)—mar neach aig an robh bith roimh laithe Abrahaim, agus sin cuideachd ann an cainnt a tha co-fhreagradh do'n chainnt a tha cur an ceill Fein-bhith Iehobhah; (*c*)—mar Mhac Dhe, leis 'n do thuig a naimhdean, 's cha d'aicheidh se fein e, gun robh e ga dheanamh fein co-ionnan ri Dia; (*d*)—mar *aon* ris an Dia bha e 'g radh a b'athair dh'a, leis 'n do thuig iad, agus sin gu ceart, gun

(*a*) Eoin iv. 25, 26. x. 24, 25. Matt. xvi 16, 17, &c. (*b*) Eoin iii. 13.
(*c*) Eoin viii. 58. Ecsod. iii. 14. (*d*) Eoin v. 17, 18, &c.

robh e 'cumail a mach gum b' e fein Dia. (*e*) Gach ni a thubhairt e uime fein a thuille air so, dhearbh e le iomadh miorbhuil cumhachdach, a chuir a' teagamh nach robh agairtais air an steidheachadh air dalmachd, ach *gun robh Dia maille ris.*(*f*)

Ciod, ma ta, a their sinn ris na nithe so?—A radh gum fuilingeadh a leithid so do neach, cadhon a chum bais, mar chaidh cheana 'mhineachadh, is smuain e, ma bheachdaicheas sinn gu ceart air, a tha iongantach agus uamharra! Beachdaich gu durachdach air, a Leughadair, ann a t-inntinn, agus an deigh sin thig maille rium a dh' fhaicinn a mhìneachaidh a ta na Scriobtuirean a' toirt air an diomhaireachd so—an riasan a tha iad a' toirt arson fulangais agus bàs an Neach iongantaich so.

Cluinn a chunntas fein m'an chuis, ann am briathraibh lanshoilleir, agus a ta cordadh ri cainnt a h-uile h-aon a scriobh, fuidh dheacadh Spioraid Dhe, m'an chuis cheudna. " Thainig Mac an duine dh'iarraidh agus a thearnadh an ni sin a bha caillte."(*g*)—Mar a thog Maois suas an nathair san fhasach, is ann mar sin is eigin do Mhac an duine bhi air a thogail suas; chum 's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gum bi a bheatha mhaireannach aige."(*h*)—" Is mise an t-aran beo a thainig a nuas o neamh: ma dh'itheas neach air bith do'n aran so, bithidh e beo gu siorruidh; agus an t-aran a bheir mise uam, is e m'fheol e, a bheir mi arson beatha 'n t-saoghail." (*i*)—" Cha d'thainig Mac an duine 'chum gun deantadh fritheealadh dh'a, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thabhairt anama fein mar èiric arson mhorain."(*j*)—" Ghlac e'n cupan, agus air tabhairt buidheachais, thug e dhoibh e, ag radh, Oluibh uile dheth: oir is i so m' fhuilse a choimhcheangail nuaidh, a dhoirtear arson mhorain 'chum maitheanas pheacanna."(*k*)

Tha chainnt so cordadh air gach doigh ri cainnt nam faidhean a dh' innis roimh laimh ma fhulangais, agus ri cainnt na'n abstol a chuir an ceill gun deach' an coimh-lionadh. " Lotadh e arson ar peacaidh-ne, bhruthadh e arson ar n-aingidheachdan; leagadh air-san smachdachadh ar sith, agus le 'chreuchdaibh-san shlanuicheadh sinne. Chaidh sinn uile, mar chaoraich, air seacharan; thionndaidh sinn, gach aon gu 'shlighe fein; agus leag an Tighearn' airsan aingidheachd gach aoin dinn.—Ni thu 'anam na iobairt-reitich.—Ghiulain e

(*e*) Eoin x. 30—38. xiv. 8.—11. (*f*) Eoin iii. 2. vi. 36, &c.
(*g*) Luke xix 10. (*h*) Eoin iii. 14, 15. (*i*) Eoin vi. 51.
(*j*) Matt. xx. 28. (*k*) Matt. xxvi. 27, 28.

peacanna mhorain."(*l*)—" Gearrar Mesiah as, ach cha'n ann air a shon fein."(*m*)—" Feuch Uan De, a ta toirt air falbh peacaidh an t saoghail !"(*n*)

Is i so cainnt nam faidhean o chèin, agus fear-ullaich' a shlighe (Eoin Baiste) uime; agus tha na h-abstoil a' togail fianuis leo ann an iomadach earrainn d'an scriobhaidhean: " Air dhoibh a bhi air am fireanachadh gu saor le' ghràs, tre an t-saorsa 'ta ann an Iosa Criosd: neach a shonraich Dia na iobairt-reitich, trid creidimh na fhuil."(*o*)—Air dhuinne 'bhi fathast gun neart, an àm iomchuidh bhasaich Criosd arson na'n daoine mi-dhiadhaidh." (*p*)—" Fhuair Criosd bàs arson ar peacaidh a reir nan Scriobtuir."(*q*)—" Rinn se esan do nach b'aithne peacadh, na iobairt-pheacaidh air ar son-ne; a chum gum bitheamaide air ar deanamh na'r fireantachd Dhe annsan."(*r*)—"Anns am bheil againn saorsa trid fhola-san, eadhon, maitheanas peacaidh, a reir saibhris a ghrais."(*s*)—" Ghradhaich Criosd sinne, agus thug se e fein air ar son, na thabhartas, agus na iobairt deadh bholaidh do Dhia."(*t*)—" A thug e fein air ar son, chum gun saoradh e sinn o gach aingidheachd." (*u*)—" Nach feum gach la mar na h-ard shagairt ud iobairtean a thoirt suas, air tus arson a pheacanna fein, agus an deigh sin arson peacanna an t-sluaigh; oir rinn e so aon uair, 'n uair a thug se e fein mar iobairt."(*v*)—" A nis dh'fhoillsicheadh e aon uair ann an deireadh an t-saoghail, a chum peacadh a chur air cùl trid e fein iobradh."(*w*)—" Thugadh Criosd suas aon uair a thoirt air falbh peacaidh mhorain."(*x*)—" Cha do shaoradh sibh le nithibh truaillidh, mar a ta airgiod agus òr; ach le fuil luachmhoir Chriosd mar fhuil Uain gun chron, gun smal."(*y*)—Neach a ghiulain ar peacanna e fein na chorp fein air a chrann."(*z*)—" Dh'fhuiling Criosd aon uair arson peacaidh. am Firean arson nan neo-fhirean, chum gun d'thugadh e sinne gu Dia."(*a*)—" Glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh."(*b*)—" Is esan an iobairt-reitich arson ar peacaidh-ne; agus cha 'n e arson ar peacaidh-ne amhain, ach mar an ceudna arson peacaidh an t-saoghail uile."(*c*)—" Dhasan a ghradhaich sinn, agus a dhionnlaid sinn o'r peacaibh na fhuil fein."(*d*)—" Mharbhadh thu, agus shaor thu sinne do Dhia le t-fhuil fein."(*e*)

(*l*) Isa liii. 5, 6, 10, 12. (*m*) Dan. ix. 26. (*n*) Eoin i. 29.
(*o*) Rom. iii. 24, 25. (*p*) Rom. v. 6. (*q*) 1 Cor. xv. 3.
(*r*) 2 Cor. v. 21. (*s*) Col. i. 14. Eph. i. 7. (*t*) Eph. v. 2.
(*u*) Tit. ii. 14 (*v*) Eabh. vii. 27 (*w*) Eabh. ix. 26.
(*x*) Eabh. ix. 28. (*y*) 1 Pead. i. 18, 19. (*z*) 1 Pead ii. 24.
(*a*) 1 Pead. iii. 18. (*b*) 1 Eoin i. 17. (*c*) 1 Eoin ii. 2.
(*d*) Taisb. i. 5. (*e*) Taisb. v. 9.

Anns an doigh labhairt so, d'am bheil an Tiomnadh Nuadh lan, gu h-araid far am bheil na h-iobairtean o shean air an toirt a stigh, tha e gu soilleir air a theagasg gur h-ann an aite dream eile —gur h-ann mar iobairt-reitich —a chum dioladh a dheanamh arson peacaidh a dh'fhuiling agus a fhuair Criosd bàs. Cha 'n eil ann an innleachd duine na mhinicheas gu ceart na h-earrainn so, maille ri iomadh earrann eile do'n scriobtur a ta eag-samhuil, gus an aidich e gur h-ann mar fhior iobairt arson peacaidh a dh' fhuiling Criosd bàs—'s gum b'i fhuil fuil na reite.

Ciod e, am bheil thu feoraich dhiom, is ciall do *reite?* Is ceist chudthromach a cheist.—Rachadh aire shonraichte thoirt do na nithe so 'leanas m'a timchioll.

Tha'm focal *reite* e fein a' toirt cail-eigin do bheachd dhuinn air an t-seadh a th'aige: Tha e 'ciallachadh air a shuil a bhi ann an staid chorduidh; a bhi cairdeil, no tighinn air a cheile; no mar chaidh an cairdeas no'n aonachd so thoirt m'an cuairt.

Tha e filleadh a steach ann uime-sin, gu'n robh roimhe dealachadh, fuaralachd, agus air dhoigh air chor-eigin naimhdeas eadar dithis.

Anns an eisimpleir chudthromach air am bheil sinn a' labhairt anns an deach reite dheanamh suas, 's iad an dithis so, an Dia siorruidh air an dara taobh, agus an duine chruthaich e, air an taobh eile. 'N uair is ann mar so tha chuis 's eigin gur h-ann aig Dia tha'n ceartas, agus gur h-e'n duine tha 's an ea-coir. Cha 'n urrainn a choire bhi air an da thaobh; sann air taobh a chreutair a tha i gu h-iomlan; 's e peacadh an duine 'chuir eadar e, agus a Chruithfhear,—a thug uaithe deadh-ghean agus gradh an De naomha; agus a dh' fhag, a reir ceartais e buailteach d'a chorruich agus do sgrios siorruidh!

O'n 's i so staid gach duine—o'n dh'fhas an cinne-daon truaillidh, agus ciontach aig a fhreumh—o'n pheacaidh na h-uile agus a thainig iad gearr air gloir Dhe, 's e'n ciont' agus an t-andanadas is mo do'n chreutair a pheacaidh tighinn a thagradh arson a bheatha r'a Chruithfhear d'an d' thug e oilbheum: Anns a chuis so cha 'n 'eil focal aig a pheacach r'a radh; 's e thig dh'asan, le ball-chrith, feitheamh ris na thig. Ma tha rathad ann air dol as,—ma tha meadhon saorsa ann, no cumhnant air am faighear maitheanas, is eigin gur h-e Dia air an d'rinneadh dimeas, agus a thug a mach do reir a lagha naomha binn an duine, a chomharraicheas a mach an rathad sinn, na meadhona, no'n cumhnant sin: cha 'n e gu gu bheil e air chor air bith mar fhiachamh air an Ti 's airde so a dheanamh, ach ma theid a dheanamh 's eigin gur h-e toradh saor-throcair Dhe e.

Tha 'n reite chaidh a dheanamh trid iobairt Mhic Dhe, mar tha'n soisgeul a' cur an ceil, air a shuil a' freagairt d'a so. 'S e fior-ghras—'s e saor-throcair a rinn suas i ri creutairibh ciontach, neo-airidh, agus mar deànadh a bhiodh cailte gu siorruidh gun rathad air dol as!

On 's e Dia fein a dh'orduich an iobairt-reitich,'s eigin duinn amharc uirre, ni h-ann mar *aobhar*, ach mar *thoradh* a ghraidh do pheacaich. Tha e anabarrach feumail gun cumamaid beachd air so. 'N uair a tha sinn a' labhairt mu bhas Chriosd mar iobairt-reitich, na mar ni thug air Dia baigh a ghabhail ri peacaich; biodhmaid air ar faicill nach eil e air a chiallachadh gun d' thainig caochladh air nadur no air gluasad Dhe, mar gum feumadh an Dia beannuichte bhi air a ghluasad gu truas a ghabhail,—mar gum feumta bhreugadh a chum a bhi trocaireach,—mar gum feumadh e luach arson graidh agus grais: Gu ma fad' o'r cridheachaibh an smuain! Tha Iehobhah o shiorruidheachd, gun chaochladh, truacant' agus trocaireach ann an tomhas neo-chriochnach. Tha e'n aghaidh reusain agus scriobtuir, uime-sin, a bhi 'm barail gun do chaochail eadar-mheadhonaireachd Chriosd a nadur o'n ghamhlas a bha na inntin roimhe do pheacaich, gu truas agus baigheilleachd.

Mar tha Dia neo-chriochnach an gràs, tha e neo-chriochnach mar an ceudn' an naomhachd, an ceartas, agus am firinn: 'S e *maitheas neo-chriochnach—oirdhearcas iomlan* a bhiuthas. 'Sann do thoradh a ghraidh neo-chriochnaich so, a' co-fhreagradh anns gach ni, a ta gach ni tha e' deanamh, oir a nadur beannuicht' is *aon* nadur neo-chaochlaideach e. 'N uair a ta e riarachadh agartas ceartais, cha'n'eil e toirt dad d'a coir fein o throcair; 'n uair a ta e deanamh trocair, 's ann air mhodh a ta co-sheasamh ri ceartas.

A nis, mar Riaghlair cothromach tha Iehobhah diombach gun deach' ughdarras a bhriseadh, am feadh tha baigheallachd neo-chriochnach a naduir, 's an àm cheudna ga aomadh gu maitheanas. 'S i chéist mhor, uime-sin,—Cia mar theid am maitheanas so 'thoirt don chiontach, agus agartas ceartais neo-chriochnach a riarachadh, gun scainneal a thoirt air biuthas an Riaghlair, gun bheud do chòraichean a thighearnais, agus do ughdaras a lagha? Tha e soilleir nach eil a bhi deanamh Dhe bàigheil do reir a bheachd so ciallachadh a ghradh a *chosnadh*, ach am modh air am foillsichear e,—mar theid a nochdadh air doigh 's gum faicear direach anns a ghniomh araon a naomhachd, agus a cheartas co-ionnan soilleir.

'N uair tha e air a radh gum bheil Dia an diomb ri h-aon d'a chreutairean, tha e ga' meas, ni h-ann mar a chreutairean

ach mar pheacaich. Cha 'n 'eil tlachd aig' ann am bàs an ti a bhasaicheas; ach 's eigin gur fuathach leis peacadh, agus tha e dligheach dh' a pheanasachadh araon arson gloir a cheartais agus arson a mhaith choitcheann a ta 'm peacadh a sgrios. 'S ann san t-seadh so tha e air a radh, " gum bheil Dia am feirg ris an aingidh gach la."(*f*)—" Gum bheil a ghnuis an aghaidh luchd deanamh an uilc."(*g*)—" Gur fuath leis luchd deanamh an uilc." (*h*)—" Gum bheil fhearg air a foillseachadh o neamh an aghaidh gach uile mhi-dhiadhuidheachd, agus eacoir dhaoine" (*i*), &c. Agus 'n uair tha Dia maitheadh peacaidh, tha e air a radh uime, " gum bheil e tionndadh o fhraoch fheirge, agus a' chorruich uile," (*j*)—" gum bheil e pilleadh air falbh fheirge,"(*k*)—" nach gleidh e chorruich gu siorruidh, do bhri gur toigh leis trocair,"(*l*)—" reidh ri cuspairibh a throcair an deigh na h-uile ni a rinn iad."(*m*)

'S e so ma ta is seadh do'n fhocal *reite*, no dioladh: agus tha na scriobtuirean gu h-aon-sgeulach a' cur an ceill gur h-ann trid irisleachadh, umhlachd, fulangais, agus bas Chriosd a tha Iehobhah mar so reidh, agus lan riaraichte: do bhri gum bheil obair Chriosd a' nochdadh a naomhachd, a cheartais, agus fhirinn an ceangal r'a throcair, agus mar dh' fheudar trocair a thaisbean' do chreutairibh ciontach, agus gabhail riu, gun bheud do naomhachd, do cheartas no do fhirinn.

Tha fior *litir* lagha Dhe 'giarraidh gum fulaingeadh a cheart neach a chiontaich am peanas. " An t-anam a chiontaicheas gheibh esan bàs."(*n*)—" Is malluichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a ta scriobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh."(*o*)—Mar so tha'n lagh, tha sinn a' faicinn, a' fagail a chiontaich fuidh bhinn a bhais gun fhocal air cia mar theid fhuasgladh—gun urrad agus sanus a thoirt gum bheil e comasach dol as on pheanas a tha dligheach dh'a mar fhear brisidh an lagha.

Tha *Spiorad* glormhor an lagha, gidheadh, air a choimhead cho eagnaidh,—tha ceartas De bha 'g eigheach dioghaltais, cho riaraichte,—agus tha onair agus ughdaras a Thighearnais cho tearuinte leis a pheanas a leigeadh air neach leoir-urramach eile, ma bhios e fein toileach, agus ma theid gabhail ris gu follaiseach mar an ait a chiontaich leis an Righ d'an d' thugadh an t-oilbheum 's ged leagt' e air na ceart chiontaich iad fein. Ni-headh, 'n uair a bheir sinn fainear gu' bheil ard-

(*f*) Salm vii. 11. (*g*) xxxiv. 16. (*h*) v. 5. (*i*) Rom. i. 18.
(*j*) Salm lxxxv. 3 (*k*) Isa. xii. 1. (*l*) Mic. vii. 18.
(*m*) Esec. xvi. 63, &c. (*n*) Esec. xviii. 4, 20. (*o*) Gal. iii. 10.

inbh' an neach a ta fulang, mar anns a chuis so, neo-chriochnach, shaoladh aon gum bheil na criochan so, ni h-e amhain air an lan-fhreagairt, ach air am freagairt thar tomhais nis fearr na ged' dh' fuilingeadh an ceart neach a chiontaich. Ann am bàs agus fulangais an Iosa bheannuicht' tha *firinn* Dhe, ann a bhi coi'-lionadh a bhagraidhean an aghaidh peacaidh, agus a *cheartas* ann a bhi cur an gniomh peanas dligheach, air am foillseachadh air mhodh gu mor is cifeachdaich', agus is soilleire na ged thuiteadh lan-dioghaltas air cinn thruagha nan ciontach iad fein, a ta faotin, mar thoradh a bhais-san, cead dol as o sgrios siorruidh a chum beatha bhith-bhuan. 'S ann mar so, ma ta tha sinn a' faicinn gu bheil Dia cothromach am feadh a ta e 'fireanachadh nam mi-dhiadhaidh—a' leigeadh a *chiontaich* mar sgaoil, ni h-e' *chionta*—a' toirt dh' a maitheanas agus beatha, ach a' deanamh dioghaltais arson a ghniomharra,—a' toirt maitheanas saor, maitheanas iomlan, maitheanas siorruidh, ach air a leithid do dhoigh, air a leithid do steidh, 's gum bheil e soilleir, eadhon anns a cheart àm anns am bheil e 'maitheadh gur h-e 'm peacadh, " an ni graineil is fuathach leis:"—a dh'aon fhocal, mar a freagairt don ard-bhiuthas sin,—biuthas àghmhor dhuinne ta n'ar peacaich, " An Dia cothromach agus an Slanuifhear."

Tha 'm beachd sonruicht' a ta 'n t-Abstol Pol, anns an treas caibteil don litir a chum nan Romanach, a' toirt air an ard chrich a bh'aig iobairt-reitich Chriosd san amharc, a' cordugh air a shuil ris an teagasg so:—" Neach a shonraich Dia na iobairt-reitich, trid creidimh na fhuil, chum fireantachd fhoillseachadh le maitheanas nam peacadh a chaidh seachad, tre fhad-fhulangas De: a dh' fhoillseachadh, deiream, fhireantachd san san àm a ta lathair; chum gum biodh e cothromach agus gum fireanaichidh e'n ti a chreideas ann an Iosa." Thoir fainear na briathra: shonraich Dia Criosd na iobairt-reitich, chum fhireantachd fhoillseachadh, a leigeadh fhaicinn gum biodh e cothromach ann bhi fireanachadh an ti 'chreideas ann an Iosa: The e air a radh mar gum beadh, gur h-ann le suil ris na bha ri tachairt ann an *iomlaineachd na h-aimsir*, ris an reite bha r' a deanamh an sin, a mhaitheadh gach peacadh a chaidh a mhaitheadh anns na linibh roimhe sin. 'S ann an iomlaineachd na h aimsir a dh' *fhoillsicheadh* fireantach Dhe ann a bhi mar so 'giulan le peacaich, agus a' maitheadh an eu-ceartan, oir 's ann an sin a leigeadh ris gu soilleir an steidh air an robh e toirt maitheanais fad na h-uine: agus 's ann air a cheart steidh a ta e fathast cothromach ann a bhi fireanachadh nam mi-dhiadhaidh.

Ach cia mar, am bheil thu feoraich dhiom, a ta e cordugh ri ceartas De gun d' thugta air an neo-chiontach fulang arson

a chiontaich? Le, *gun d'thugta* air an neo-chiontach fulang, ma tha thu ciallachadh gun deach'a chur an aite a chiontaich a dhaindeoin—gun chomas dol a null no nall, ach fulang an aghaidh a thoile; 'Se mo fhreagradh dhuit nach eil so a' luidhe idir ris an iobairt-reitich air am bheil sinn a' labhairt; 's fad a ghabh e uaithe. 'Se Mac Dhe e fein a ghabh as laimh a bhi na Urras,—b' ann le thoil fein a dh' fhuiling e: oir, da-rireadh, bha 'nadur do leithid a ghne 's nach bu chomasach gum fuilingeadh e'n *aghaidh* a thoile. "Ged bha e ann an cruth Dhe, 's nach do mheas e 'na reubainn e fein a bhi coimh-ionann ri Dia, chuir se e fein ann an dimeas, a' gabhail air dreach seirbhisich, air a dheanamh ann an coslas dhaoine: agus air dh'a bhi air fhaghail ann an cruth mar dhuine, dh'irioslaich se e fein, agus bha e umhail gu bas, eadhon bas a chroinn cheusaidh." Tha e air a thaisbeanadh mar ag radh, "Feuch, ataim a teachd a dheanamh do thoilse, O Dhe;" 's e sin "a thoirt suas a chuirp aon uair," mar iobairt pheacaidh.—Is mise am buachaille maith, leigidh am buachaille maith anam sios arson nan caorach. Ta mise leigeadh m' anama sios arson nan caorach: cha 'n eil neach air bith ga thoirt uam, ach a ta mi ga leigeadh sios uam fein."

Thoir fainear nis faide. Ma se 's gun robh dioladh idir r'a dheanamh arson peacaidh, cha b' urraintear a dheanamh ach le neach aig am biodh, mar so, a bheatha na chomas fein. Nam biodh e anns an tomhas bu lugha ciontach, an aite seasamh arson peacadh muinntir eile, 's ann a dh'fheumadh e gun seasadh neach eigin eile air a shon fein. Ach stad beag ort.—Am bheil thu 'g aideachadh gun robh Iosa neo-chiontach—gun robh a bheatha gu h-iomlan saor o pheacadh? Ma tha, m'am feoraich thu, am bheil e ceart gum fuilingeadh an neo-chiontach an aite chiontaich, freagair a cheist so;—Am bheil e ceart gum fuilingeadh an neo-chiontach *idir?* Cha'n fheudar cur an aghaidh na firinn. Tha sinn a' faicinn an so an neo-chiontach a' fulang, agus mar h-ann as leth a chiontach, le shaor thoil fein, ciod a their sinn ris a chuis? 'S eigin gun robh crioch shonruicht' air choireigin 's an amharc: agus ciod a chrioch bu choltaiche ris an Dia uile-mhaith, agus uile chothromach na Saorsa chreutairean ciontach air mhodh a lan ghloraicheadh a bhiuthas, araon mar Dhia caomh agus cothromach?

'N uair a ghabhas sinn, mata, a chuis anns a bheachd so, smuainich a dhuine, cia àluinn an taisbean a ta air a thoirt an so air gradh agus trocair an De bheannuichte? Tha moran air a radh anns na scriobtuirean air a cheann so.—"Is 'g ann a dh' fhuilingeas duine bàs arson duine chothromaich; ach theagamh gum biodh aig neach-eigin do mhisnich eadhon bàs

fhulang arson duine mhaith: ach a ta Dia 'moladh a ghraidh fein dhuinne, do bhri 'n uair a bha sinn fathast 'n ar peacaichibh gu 'n d' fhuiling Criosd bas air ar son."—"An so a ta gradh, cha 'n e gun do ghradhaich sinne Dia ach gun do ghradhaich esan sinne, agus gun do chuir e Mhac fein gu bhi na iobairt-reitich arson ar peacaidh." Nach cruaidh an cridhe-sin,—nach "anabarr aingidh,"—nach coigreach e do gach aigne naomha agus fiughantach a ta 'g eiridh o ghradh agus o thaingealachd, is *urrainn* tairgse na trocair iongantaich so o Dhia neimhe 'dhiultadh? gidheadh is e so staid cridhe gach aon againn do thaobh naduir. Cuir ruit fein guidheam ort a cheist sin, "Cionnas a theid sinne as, ma ni sinn dimeas air slainte co mor?" ceist a ta filleadh innte, ni h-e 'mhain gu' bheil e ea-comasach dol as, ach gu' bheil eadhon *duil* a bhi ri dol as mi-reusanta.

Tha 'n so olc a pheacaidh air a chur fa d' chómhair air a mhodh, is druidhtiche, agus cho ea-comasach 'sa ta e gun d'-theid e as gun pheanas fuidh riaghladh an De chochromaich air a chur a teagamh. Cuimhnich, uime-sin, gur peacach thusa, agus gur h-ann ris an Dia d'am buin dioghaltas a tha do ghnothach. Cuimhnich nan comharraicheadh esan aingidheachd nach b'urrainn duit seasamh, or a mheud 's gun do pheacaidh thu tha thu cheana air do dhiteadh le 'lagh cothromach; 's cha dean do dhichioll fein, na t-oidheirpean air Dia 'thoileachadh a chuis a leasachadh. Cha 'n eil ann ach faoineis a bhi stri ri d' shith *a dheanamh* ri Dia air an deigh so: 's e'n t-an-danadas is mo e, a thuille air gum bheil e 'cur easonair air Dia, a shaoilsinn gun riaraich oibre creutair a ta peacach agus truaillidh an Ti a ta uile-naomha. Cuir cul ris an dochas fhaoin so. Cha dean e gu bràth gnothach. "'S e Criosd ar sith." 'S i 'n obair gus an robh mi ga d' stiuradh, eadhon umhlachd iomlan agus iobairt Mhic Dhe an aon steidh air an dean Dia sith ruinn. Chriochnaich esan an obair so o chionn fhada, eadhon 'n uair a lub e 'cheann agus a thug e suas an deo air sliabh Chalbhari: uime-sin, cha robh 's cha bhi cuid no pairt aig creutair peacach na deanamh. Is i so an obair anns am bheil Iehobhah lan-thoilichte, agus as leth am bheil e gu saor a' buileachadh air ceann-feudhna nam peacach uile sholasan na beatha bhith-bhuan. So far an gabh annsachd an De shiorruidh gu brath fois:—So far am bheil lanachd neo-chriochnach a throcair air a tasgadh suas. Na meallaibh sibh fein le barail gum bheil i r'a faotinn an ait' air bith eile, no gun deonaich Dia gu brath, eadhon fad linnibh na siorruidheachd fhabhar do chreutair peacach ach trid Iosa Criosd mac a ghraidh.

Ach ged nach eil trocair r'a faotain an aite air bith eile tha i ann an so fein air a cur nar tairgse, gu saor,—gun tomhas. "'Se tuarasdal," a pheacaidh am bàs; ach *is e saor thiodhlacadh Dhe a bheatha mhaireannach, trid Iosa Criosd ar Tighearna.*" Cha 'n e tha thoil agam gun d' thugadh sibh duil do throcair, ach gun d' thugadh sibh duil r'a faotin far nach eil i, le nochdadh dhuibh nach eil dochas o'n lagh na o'r deanadas fein ann am beachd air bith a ghabhas sibh air,—le gach bealach a dhunadh oirbh ach *saor ghràs Dhe* a ta air fhoillseachadh ann an soisgeul a Mhic. Mar pheacaich tha sinn caillte: agus do thaobh an lagha tha sinn gun dochas. Mar b'aithne dhuinn ach so, b' eagalach da-rireadh a chuis. Ach carsan nach aidicheamaid ar cor, cia ar bith cho cianail 'sa ta e, 'n uair a tha leigheas uile-fhoghainteach aig laimh? Carson a ghramaicheamaid ris an lagh arson cobhair, nach eil a' labhairt ach mallachadh agus diteadh ris gach neach a bhris e, 'n uair a dh'fheudas, "sar dhochas" a bhi againn tre ghras? Carson a bhiodh leisg oirn aideachadh gu' bheil ar diteadh cothromach 'n uair a ta maitheanas saor agus iomlan 'nar tairgse? Carson a bhiodhmaid cho faoin 's nach aidicheamaid ar laigse, agus ar neo-chomas ni air bith a dheanamh a mholas sinn do Dhia 'n uair a ta dearbh-chinnt air a thoirt dhuinn gun d'fhuair Criosd bas arson na' muinntir a ta "gun neart?" Mo chreach! dh' fhag am peacadh uaibhreach sinn. An ni d'an d' thigeadh ar lionadh le naire, agus ar bilean a dhruideadh ann am fein-ghrain, 's ann a dh' fhag e sinn uaibhreach, agus ardanach; agus 's e 'n t-ardan so is coireach urrad leisg a bhi oirn aideachadh gu bheil sinn cho tur caillte, agus cho falamh annain fein 's gum biodhmaid an eisiomail *trocair* amhain. Gun deanadh Dia na chaoimhneas siorruidh an t-ardan so 'chiosnachadh na t-anamsa, agus gun deanadh e thu deonach tighinn am mein trocair amhain, agus gabhail ri d' shaorsa mar *thiodlac*—gun airgiod agus gun luach! Cha 'n eil ann doigh eile air am faigh thu i, ach air a chumhnant so tha Dia toileach a builceachadh: tha eadhon air ceann-feadhna nam peacach, air sga Mhic. Dh'asan thug e fianuis na ais-eiridh o na marbhaibh gun robh e lan-riaraichte le obair na slaint' a chriochnaich e, —gun robh fhireantachd iomlan—iobairt-reitich uile-fhoghainteach; agus air dh'a an fhianuis so mu thimchioll a Mhic fhoillseachadh si ard thoil "gun rachadh gach neach a chreideas i thearnadh."

Cha'n abair neach air bith gur ceartas gun ruigeadh eifeachd fuil Chriosd orrasan a ta 'deanamh dimeas uirre. Ach esan a chreideas ann am fuil Iosa, mar fhuil iobairt uile-fhoghain-

teach a chum dioladh a dheanamh arson peacaidh, agus a dh' iarras maitheanas agus beatha, mar pheacach cailte agus gun dochas, trid toilltineas na h-iobairt so amhain, cha tilgear air chor air bith a mach e. (Eoin vi. 37.)

Ma 'si 'n iobairt-reitich so a Leughadair steidh do dhochaissa, leig dhomh, mu'n sguir mi, do chur an cuimhne, nach urrainn nach d'thoir a chomain fuidh 'm bheil thu do throcair Dhe, mar " aon a cheannachadh le luach," ort a " ghlorachadh led' chorp agus led' Spiorad is le Dia," (*p*)—a " bhi beo dh'asan a dh'fhuiling am bas air do shon, agus a dh'eirich a ris," (*q*)—" Ma ghlan fuil Chriosd, a thug e fein suas tre'n spiorad shiorruidh gun lochd do Dhia, do choguis o oibribh marbha," ni thu " seirbhis do'n Dia bheo."(*r*) Bheir thu gradh do gach ni d'am bheil esan a' toirt graidh, agus fuath do gach ni is fuathach leis; seachnaidh tu gu furachar gach ni tha e toirmeasg, agus buanaichidh tu le teas-ghradh anns gach ni is taitneach leis.—'Se co-chomunn maille ris do shòlas is mo.—Ni do mhothachadh air fhabhar 'san àm, do dhochas a bhi gu h-iomlan air do shaoradh o pheacadh, agus gum meal thu iomhaidh, agus gradh Dhe fad bith-bhuantachd, t-iomguinn mu nithe na beatha so a laghdachadh, agus lionadh e do chridhe le gairdeachas. Dean thu fein cinnteach mar 'eil thu umhail do Chriosd mar Thighearna, nach 'eil cuid agad ann mar Fhear-saoraidh. Cha 'n eil do dhochas gum bi thu maille ris, agus coltach ris 's an ath-shaoghal air steidh cheart, mar 'eil do chaithe-beatha a cordugh ri t-aidmheil, " gad' ghlanadh fein mar a ta esan glan."(*s*)—" Thug se e fein arson pheacach, chum gun saoradh e iad o gach aingidheachd, agus gun glanadh e dh'a fein sluagh sonraichte, eudmhor mu dheadh oibribh."(*t*)—" Is i so an teachdoireachd a chuala sinn uaithe-san, agus a tha sinn a' cur an ceill dhuibhse; gur solus Dia, agus nach eil dorchadas air bith ann-san.

Ma their sinn gu bheil comunn again ris, agus sinn a' gluasad ann an dochadas, tha sinn a deanamh breige, agus cha 'n eil sinn a' deanamh na firinn: Ach ma ghluaiseas sinn anns an t-solus, mar a tha esan san t-solus, tha comunn againn r'a cheile, agus glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh."(*u*)

(*p*) 1 Cor. vi. 20. (*q*) 2 Cor. v. 15. (*r*) Eabh. ix. 14.
(*s*) 1 Eoin iii. 3. (*t*) Tit. ii. 14. (*u*) 1 Eoin i. 5, 6, 7.

GLASGOW,

PRINTED BY ANDREW YOUNG,

For the *Glasgow Young Men's Religious Tract Society;* and sold at their Depository, 48, Glassford-Street.

W. WILSON BINDER, EDINBURGH.